


beatha
le
buaidh

graeme obree

graeme obree

3 LEGENDS
Graeme Obree



beatha le
buaidh



Air fhoillseachadh ann an 2004 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha rioxchdaichte air MRG 2004.

An teacs le Ailig O' Henley.


Tha sinn gu mòr an comain Birlinn Earr airson cead na dealbhan aca a chleachdad.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.


LAGE/ISBN 1-904730-09-4



GRAEME OBREE

Tha Graeme Obree ainmeil ann an spòrs baidhsagail. Choisinn e duais an t-saoghal dà thuras. Ach cha b' e baidhsagal àbhaisteach a bha aig Obree ged-tà. Thog e baidhsagal ùr a' cleachdadh phàirtean bho inneal nigheadaireachd. Ach tha bròn air a bhith ann am beatha Obree cuideachd. Fad a bheatha tha e air a bhith a' fulang le trom-inntinn. Tha e air feuchainn ri làmh a chur na bheatha trì tursan. Aon turas bha e dìreach mionaid bho bàs fhaighinn. Tha e a' faireachdainn nas fheàrr a-nis agus tha teansa ann gun tèid film a dhèanamh mu bheatha.

Can aonduin tuan can GRAEME OBREE



GRAEME OBREE

Làithean Òige

Ged is e Albannach a th' ann an Obree, is ann an Sasainn a rugadh e. Rugadh e ann am baile Nuneaton air 11 Sultain 1965. Is e balach aonranach a bh' ann riamh. Cha robh cus charaidean aige agus bha clann eile ag obair air anns an sgoil. Chaidh a thoirt gu inntinn-eòlaiche chloinne nuair a bha e anns a' bhun-sgoil. Ach cha do dh'fhàs cùisean dad na b' fheàrr.

Gu fortanach thug spòrs dha slighe a-mach às an dorchadas. Bha ùidh aige riamh ann am baidhsagalan. Thug a phàrantan baidhsagal ùr dha nuair a bha e sia bliadhna deug. Cha robh fada gus an robh e a' buinnig rèisean nàiseanta. Mus robh e ochd bliadhna deug bha e air duais na h-Alba a ghleidheadh.

GRAEME OBREE

Dh'fhàg e an sgoil le dìreach aon teisteanas àrd-ìre – Fiosaigs. Bhiodh an t-eòlas sin feumail dha a-rithist.



GRAEME OBREE

Bliadhnaichean duilich

Às dèidh an sgoil fhàgail dh'fhosgail Obree bùth far an robh e a' reic bhaidhsagalan. Ach cha do shoirbhich leis idir. Cha robh fada gus an robh a' bhùth aige ann am fiachan. Bhrist Obree agus caraid dha a-steach don bhùth aca ann an 1985. Bha iad a' feuchainn ri ràdh gur e cuideigin eile a rinn e. Ach chaidh an glacadh agus an cur an grèim airson foill.

Bha Obree gu math ìosal a-nise. Bha e 20 bliadhna a dh'aois agus a' fuireach còmhla ri phàrantan. Cha robh obair no airgead aige agus bha e ann an trioblaid leis na poileis. Dh'fheuch e cur às dha fhèin. Gu fortanach thàinig athair dhachaigh tràth bho obair agus chaidh aige air a mhac a shàbhaladh.

Conradur

GRAEME OBREE



GRAEME OBREE

Beatha ùr

Às dèidh sin dh'fheuch Obree ri bheatha a thogail as ùr. Chaidh e don cholais agus an uair sin don oilthigh. Chum e air a' rèiseadh agus aig an aon àm bha e a' dealbh baidhsagal ùr. Bha cùisean a' coimhead na b' fheàrr na bheatha phearsanta cuideachd. Bha càirdeas dlùth air èirigh eadar e fhèin agus Anna. 'S e nurs a bh' ann an Anna agus bha i air Obree a chuideachadh nuair a bha e tinn. Phòs an dithis aca ann an 1989.

Tràth anns na naochadan bha Obree fhathast ag obair air a' bhaidhsagal ùr aige. Bha balach beag aige a-nis cuideachd – Eoghainn. Ann an Mhàrt 1992 bha frèam a' bhaidhsagail deiseil. Ach bha aon rud fhathast a dhìth air – amal. Bha Obree ag iarraidh amal caol, aotrom ach cha b' urrainn dha fear a lorg.

GRAEME OBREE

An uair sin smaoininich e air inneal nigheadaireachd a bha na laighe aig cùl an taighe. Thug e an t-inneal as a chèile agus fhuair e am páirt a bha e ag iarraigdh.

Às dèidh beagan obrach air bha am baidhsagal deiseil. Bha an saoghal mòr a-nis a' feitheamh air Obree.

GRAEME OBREE

Chù is fortan

Is ann air an rëis uair an uaireadair a laigh sùil Obree an toiseach. Bha an tiotal aig fear, Francesco Moser agus bha Obree airson a thoirt bhuaithe. Anns an Iuchar 1993 chaidh e gu Hamar ann an Nirribhidh gus feuchainn air an tiotal aig Moser. Cha deach leis anns a' chiad oidhírp idir. Ach an uair sin thug e a-mach am baidhsagal a thog e fhèin. An ath latha dh'fheuch e a-rihist agus chaidh leis an turas seo. Bha e air an tiotal a ghleidheadh agus bha an saoghal aig Obree air atharrachadh gu tur.

Bho bhith gun obair an t-seachdain roimhe sin bha Obree a-nis ainmeil. Dè an ath rud? Dh'fheumadh e feuchainn air duais an t-saoghail. Bha an duais sin aig an t-Sasannach, Crìsdean Boardman.

GRAEME OBREE


Cha robh dùil aig Obree gun dèanadh e a' chùis air idir. Ach ro dheireadh na bliadhna bha e air an tiotal a thoirt bhuaithe às dèidh rèis eile ann an Hamar.

GRAEME OBREE

Droch naidheachd

Bha Obree a-nis proifeiseanta agus bha e a' rèiseadh air feadh an t-saoghal. Airson a' chiad uair na bheatha bha e toilichte agus bha airgead na phòcaid. Ach bha droch naidheachd air fàire. Bha e ann an taigh-òsta san Eadailt nuair a thàinig droch naidheachd thuige bho Anna. Bha a bhràthair, Gòrdan, air bàsachadh ann an tubaist rathaid. Thug seo buaidh mhòr air Obree. Bha dàimh làidir eadar an dithis bhràithrean riamh. Aon uair eile nochd na sgòthan dorcha. Thòisich e air òl agus cha robh fada gus an do chaill e na tiotalan aige. Aig deireadh 2001 rinn e oidharp eile air làmh a chur na bheatha ach chaidh a shàbhaladh a-rithist.

GRAEME OBREE



15

14

GRAEME OBREE

A' dèanamh adhartas

Bhon uair sin tha Obree air a bhith a' faighinn leigheas airson a thinneas. Tha e a' faireachdainn gu bheil e a' dèanamh adhartas mu dheireadh thall. Sgrìobh e leabhar, *The Flying Scotsman*, mu bheatha fhèin agus chòrd e ri mòran dhaoine. Tha còmhraighean a' dol a-nise gus fiolm a dhèanamh mu dheidhinn beatha Obree. A dh'aindeoin nan trioblaidean aige bidh cuimhne air Graeme Obree mar shàr neach spòrs. Albannach a choisinn cliù le baidhsagal a thog e le seann inneal nigheadaireachd.

GRAEME OBREE





G R A E M E

O B R E E

Can you see the curve

